

1 Dàmhair 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Ghiblean 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Bun-sgoil agus Clas-àraich Bheinn Chamshroin. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Mur a bheil e air ainmeachadh, tha iad a' buntainn ri Roinnean na Beurla agus na Gàidhlig san sgoil agus san sgoil àraich.

- Tha an ceannard agus an luchd-obrach a' cur ìre àrd de chudromas air a bhith a' toirt taic do shunnd na cloinne mar a bhith aig teis-mheadhan an ionnsachaidh. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha iad air com-pàirteachasan èifeachdach a leasachadh gus taic a thoirt do chlann.
- Tha a' chlann pungail agus air am brosnachadh gu mòr gu bhith soirbheachail nan ionnsachadh. Tha iad air leth moiteil às an sgoil aca. Tha an fheadhainn a tha ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) a' cur luach mòr air gu bheil iad a' leasachadh fileantas sa Ghàidhlig. Tha a' chlann as sine ag obair gu math leis a' chloinn a tha nas òige mar Cheannardan, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachadh bogaidh.
- Tha an luchd-obrach air a bhith gu soirbheachail a' cuimseachadh air àrdachadh coileanadh ann an litearrachd agus Beurla.
- Tha a' chlann a' faighinn buannachd bho raon de choileanaidhean. An co-bhoinn ris an luchd-obrach, tha an oidhirpean air a bhith air an aithneachadh gu nàiseanta tro theisteanachadh leithid Eag-sgoiltean Alba agus Duais Sgoile Alba sportscotland.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri dithis riochdairean bho Chomhairle Siorrachd Lannraig a Deas.

- Bu chòir dhan luchd-obrach air fad leantainn orra a' co-obrachadh gus dèanamh cinnteach à sealladh farsaing ro-innleachdail mu dè cho math 's a tha raon de mheasadh agus cuimseachd a' leigeil le clann a bhith a' sealltainn an sgilean, an eòlais agus an tuigse thar raointean a' churraicealaim.
- Bu chòir dhan luchd-obrach leantainn orra a' dèanamh cinnteach à cunbhalachd ann an eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd don chloinn air fad. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach meudachadh na h-ìre dùbhlain ann an gnìomhan agus cur-seachadan. Bu chòir do luchd-obrach FMG tuilleadh a dhèanamh a thaobh a bhith a' togail air leasachaidhean a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid ann an FMG a thaobh bogadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Clas-àraich Bheinn Chamshroin

Comharran càileachd ìrean bun-sgoile	Measadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagan) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd a' chlas-àraich	Measadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Daingneachadh adhartas na cloinne	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Seo luachaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Luachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim	Luachadh
Càileachd a' chùraim agus an taic	math
Càileachd rianachd agus ceannardas	math

Riatanasan/molaidhean a rinneadh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson a' chlas-àraich

An uair a chaidh an sgrùdadh mu dheireadh a dhèanamh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, cha robh riatanasan sam bith aig an t-suidheachadh seo agus cha robh molaidhean sam bith ann. Mar thoradh air an sgrùdadh seo, chan eil riatanasan no molaidhean sam bith ann.

Bidh an litir seo agus sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, ainmichte mar Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

<https://education.gov.scot/inspection-reports/south-lanarkshire/8531625>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn air adhart a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn air an sgoil tuilleadh co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de ullachaidhean a thaobh a bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu chàileachd a sgoiltean.

Joan Esson
Neach-sgrùdaidh na
Banrigh

Aileen Quinn
Neach-sgrùdaidh a' Chùraim